



curraicealam airson sàr-mhathais:
àireamhachd
eòlasan agus builean

www.gaidhlig.ltscotland.org.uk

Àireamhachd Eòlasan agus builean

Tha m' ionnsachadh ann an àireamhachd a' toirt comas dhomh:

- sgilean cudromach àireamhachd ionnsachadh a leigeas leam làn-phàirt a ghabhail anns an t-saoghal mun cuairt orm
- tuigsinn ma tha bith-beò soirbheachail agus neo-eisimeileach gu bhith againn, gu bheil feum air tuigse air ionmhas, làimhseachadh airgid èifeachdach, cleachdadh chlàran agus na sgilean a tha co-cheangailte riutha sin
- fiosrachadh mu àireamhan a mhìneachadh ann an dòigh iomchaidh agus a chleachdadh airson tighinn gu co-dhùnaidhean, cunnart a thomhas agus airson measadh reusanta agus co-dhùnaidhean fiosraichte a dhèanamh
- sgilean agus tuigse a chur gu feum ann an dòigh chruthachail agus phongail airson ceistean fhuasgladh, ann an diofar cho-theacsan
- tuigsinn mar a bheir teicneòlas sgilean agus bun-bheachdan air adhart nuair a tha iad air an cleachdadh ann an dòigh chruthachail agus èifeachdach.

Àireamh, airgead agus tomhas

	Tràth	Ciad	Dàrna	Treas	Ceathramh
<p>Tuairmse agus cruinneachadh</p>	<p>Tha mi a' faighinn barrachd tuigse air meud agus suim le bhith ag amharc, a' rannsachadh, a' cleachdadh agus a' còmhradh ri daoine eile mu rudan san t-saoghal mun cuairt orm.</p> <p>MNU 0-01a</p>	<p>Is urrainn dhomh innse do dhaoine eile mu dhòighean air tuairmse a dhèanamh air àireamhachadh no freagairt ceist, am freagairt ceart obrachadh a-mach agus mo fhreagairt a dhearbhadh le bhith ga choimeas ris an tuairmse.</p> <p>MNU 1-01a</p>	<p>'S urrainn dhomh m' eòlas air cruinneachadh a chleachdadh gu cunbhalach airson tuairmse a dhèanamh air freagairt ceist agus, an dèidh obrachadh a-mach, co-dhùnadh a bheil mo fhreagairt reusanta, ag innse mo bheachd do dhaoine eile.</p> <p>MNU 2-01a</p>	<p>'S urrainn dhomh àireamh a chruinneachadh, gu ìre iomchaidh, a' gabhail a-steach co-theacsa na ceiste.</p> <p>MNU 3-01a</p>	<p>An dèidh rannsachadh buaidh phractaigeach mhearachdan, 's urrainn dhomh m' eòlas air an ìre mearachd a tha ceadaichte a chleachdadh airson co-dhùnadh de an ìre gu feum àireamhan a bhith air an obrachadh a-mach ceart san t-saoghal dha-rìribh.</p> <p>MNU 4-01a</p>
<p>Àireamh agus pròiseasan àireimh a' gabhail a-steach cur-ris, toirt-air-falbh, iomadachadh, roinneadh agus àireamhan àicheil</p>	<p>Rannsaich mi àireamhan, a' tuigsinn gu bheil iad a' riochdachadh shùimean agus 's urrainn dhomh an cleachdadh airson cunntadh, òrdughan àireimh a dhèanamh agus airson cunntas a thoirt air òrdugh.</p> <p>MNU 0-02a</p>	<p>Rannsaich mi mar a tha àireamhan slàn air an cur ri chèile, tha mi a' tuigsinn cho cudromach 's a tha neoni san t-siostam agus 's urrainn dhomh m' eòlas a chleachdadh airson an ceangal eadar figear, àite agus a luach a mhìneachadh.</p> <p>MNU 1-02a</p>	<p>Chuir mi ris an raon de àireamhan slàn leis an urrainn dhomh obrachadh, agus an dèidh rannsachadh mar a tha bloighean deiceach air an cur ri chèile, 's urrainn dhomh an ceangal eadar figear, àite agus a luach a mhìneachadh.</p> <p>MNU 2-02a</p>		

Àireamh, airgead agus tomhas (a' leantainn)

	Tràth	A' chiad	An dàrna	An treas	An ceathramh
Àireamh agus pròiseasan àireimh a' gabhail a-steach cur-ris, toirt-air-falbh, iomadachadh, roinneadh agus àireamhan àicheil (a' leantainn)	Tha mi a' cleachdadh stuthan practaigeach agus 's urrainn dhomh 'cunntadh air adhart is air ais' airson mo chuideachadh a' tuigsinn cur-ris agus toirt-air-falbh, a' clàradh mo bheachdan agus mo fhreagairtean ann an diofar dhòighean. MNU 0-03a	Tha mi a' cleachdadh cur-ris, toirt-air-falbh, iomadachadh agus roinneadh nuair a tha mi a' freagairt cheistean, a' dèanamh an fheum as fheàrr de ro-innleachdan 'freagairt nam cheann' agus na sgilean 'sgriobhte' a dh'ionnsaich mi. MNU 1-03a	An dèidh co-dhùnadh de an àireamhachadh a tha a dhìth, 's urrainn dhomh ceistean a fhreagairt sa bheil àireamhan slàn, a' cleachdadh diofar dhòighean-obrach, agus 's urrainn dhomh bruidhinn ri daoine eile air na dòighean a chleachd mi agus mo fhreagairtean. MNU 2-03a Rannsaich mi na co-theacsan sa bheil ceistean le bloighean deiceach ag èirigh, agus 's urrainn dhomh ceistean co-cheangailte ri seo a fhreagairt, a' cleachdadh measgachadh de dhòighean-obrach. MNU 2-03b	'S urrainn dhomh measgachadh de dhòighean-obrach a chleachdadh airson ceistean àireimh a fhreagairt ann an co-theacsan air a bheil mi eòlach, ag innse mo phròiseasan agus mo fhreagairtean gu soilleir. MNU 3-03a 'S urrainn dhomh cumail a' cuimhneachadh gu sgiobalta air fiosrachadh mu àireamhan agus seo a chleachdadh gu mionaideach nuair a bhios mi a' dèanamh àireamhachadh. MNU 3-03b	An dèidh mothachadh dha na dòighean sa bheil ceistean ùra coltach ri ceistean a fhreagair mi roimhe, 's urrainn dhomh an àireamhachadh a tha a dhìth a dhèanamh airson ceistean a tha stèidhichte ann an co-theacsan air nach eil mi eòlach. MNU 4-03a
				'S urrainn dhomh sealltainn gu bheil mi a' tuigsinn mar a tha loidhne àireimh a' leudachadh gu bhith a' gabhail a-steach àireamhan nas lugha na neoni agus rannsaich mi mar a tha na h-àireamhan sin ag èirigh agus air an cleachdadh. MNU 2-04a	'S urrainn dhomh mo thuigse mu àireamhan nas lugha na neoni a chleachdadh airson ceistean simplidh a fhreagairt ann an co-theacsa. MNU 3-04a

Àireamh, airgead agus tomhas (a' leantainn)

	Tràth	Ciad	Dàrna	Treas	Ceathramh
<p>Bloighean, bloighean deiceach agus ceudadan a' gabhail a-steach co-mheas agus co-chuid</p>	<p>'S urrainn dhomh buidheann rudan a roinn a-mach le bhith a' dèanamh bhuidhnean nas lugha agus 's urrainn dhomh rud slàn a roinn na phìosan nas lugha.</p> <p>MNU 0-07a</p>	<p>An dèidh bloighean a rannsachadh le bhith a' gabhail pàirt ann an obair phractaigeach, 's urrainn dhomh sealltainn gu bheil mi a' tuigsinn:</p> <ul style="list-style-type: none"> • mar a ghabhas rud a roinn co-ionann • comharradh is facail a' dol le bloighean • far a bheil bloighean sìmplidh air an loidhne àireimh. <p>MNU 1-07a</p> <p>Tro fheuchainn a-mach mar a ghabhas buidhnean rudan an roinn co-ionann, 's urrainn dhomh bloigh sùim a lorg le bhith a' cleachdadh m' eòlais air roinneadh.</p> <p>MNU 1-07b</p>	<p>Rannsaich mi na co-theacsan làitheil far a bheil bloighean sìmplidh, ceudadan no bloighean deiceach gan cleachdadh agus 's urrainn dhomh an àireamhachadh iomchaidh a dhèanamh airson ceistean co-cheangailte ri seo a fhreagairt.</p> <p>MNU 2-07a</p> <p>'S urrainn dhomh sealltainn nan riochdan de na bloighean sìmplidh, bloighean deiceach agus ceudadan a tha co-ionann ri chèile agus an riochd as fheàrr leam a thaghadh nuair a tha mi a' fuasgladh ceist, ag innse carson a thagh mi an dòigh sin.</p> <p>MNU 2-07b</p>	<p>'S urrainn dhomh ceistean a fhreagairt le bhith a' dèanamh àireamhachadh le raon mòr de bhloighean, bhloighean deiceach agus ceudadan, a' cleachdadh mo fhreagairtean airson coimeasan agus roghainnean fiosraichte a dhèanamh airson shuidheachaidhean fìor.</p> <p>MNU 3-07a</p> <p>'S urrainn dhomh sealltainn mar a ghabhas sùimean le buntanas ri chèile a bhith air am meudachadh no air an lùghdachadh gu co-chuideil, agus seo a chur gu feum gus ceistean a fhreagairt ann an suidheachaidhean làitheil.</p> <p>MNU 3-08a</p>	<p>'S urrainn dhomh an riochd as freagarraiche de bhloighean, bhloighean deiceach agus ceudadan a chleachdadh nuair a bhios mi a' dèanamh àireamhachadh nam cheann, ann an sgrìobhadh no a' cleachdadh teicneòlais agus 's urrainn dhomh an uair sin mo fhreagairtean a chleachdadh airson coimeasan, co-dhùnaidhean agus roghainnean a dhèanamh.</p> <p>MNU 4-07a</p> <p>A' cleachdadh co-chuid, 's urrainn dhomh obrachadh a-mach an t-atharrachadh ann an aon sùim a tha air adhbhrachadh le atharrachadh ann an sùim a tha co-cheangailte ris, agus ceistean a fhreagairt a' buntainn ri suidheachaidhean fìor.</p> <p>MNU 4-08a</p>

Àireamh, airgead agus tomhas (a' leantainn)

	Tràth	Ciad	Dàrna	Treas	Ceathramh
Airgead	<p>Tha mi a' cur ri mo thuigse air mar a tha airgead ga chleachdadh agus 's urrainn dhomh diofar bhuinn airgid aithneachadh agus a chleachdadh.</p> <p>MNU 0-09a</p>	<p>'S urrainn dhomh airgead a chleachdadh gus pàigheadh airson rudan agus 's urrainn dhomh obrachadh a-mach dè an iomlaid a bu chòir dhomh fhaighinn.</p> <p>MNU 1-09a</p> <p>Rannsaich mi mar a dh'fhaodas measgachaidhean eadar-dhealaichte de bhuinn agus de airgead pàipeir a bhith air an cleachdadh airson rudan a phàigheadh no a bhith air a thoirt seachad mar iomlaid.</p> <p>MNU 1-09b</p>	<p>'S urrainn dhomh rian a chumail air airgead, coimeas a dhèanamh eadar prìsean diofar luchd-reic, agus obrachadh a-mach dè nas urrainn dhomh a cheannach.</p> <p>MNU 2-09a</p> <p>Tha mi a' tuigsinn nan cosgaisean, nam buannachdan agus nan cunnartan a tha an lùib a bhith a' cleachdadh chairtean-creideis airson rudan a cheannach no airgead fhaighinn agus tha mi a' tuigsinn gu bheil e cudromach cumail ri buidseat.</p> <p>MNU 2-09b</p> <p>'S urrainn dhomh an abairt 'prothaid agus call' a chleachdadh a thaobh ceannach is reic agus 's urrainn dhomh àireamhachadh sìmplidh a dhèanamh airson seo.</p> <p>MNU 2-09c</p>	<p>Nuair a bhios mi a' smaoinachadh air ciamar a chosgas mi m' airgead, 's urrainn dhomh diofar thairgsean is sheirbheisean a lorg agus a choimeas ri chèile, bruidhinn air na rudan a tha nam fàbhar agus nan aghaidh agus mìneachadh dè an tairgse as fheàrr luach dhomh.</p> <p>MNU 3-09a</p> <p>'S urrainn dhomh buidseatadh ann an dòigh èifeachdach, a' cleachdadh teicneòlais agus mhodhan eile airson rian a chumail air m' airgead agus cosgaisean san àm ri teachd a phlanadh.</p> <p>MNU 3-09b</p>	<p>'S urrainn dhomh bruidhinn air agus sealltainn nan rudan air am feum mi smaoinachadh nuair a tha mi ag obrachadh a-mach dè nas urrainn dhomh a chosg, airson rian a chumail air creideas agus fiachan agus airson dòigh-beatha mhath a bhith agam.</p> <p>MNU 4-09a</p> <p>'S urrainn dhomh fiosrachadh a lorg mu thuarastail agus na sùimean a bheirear air falbh, agus sin a chleachdadh nuair a bhios mi ag obrachadh a-mach mo theachd-a-steach lom.</p> <p>MNU 4-09b</p> <p>'S urrainn dhomh raon de ghoireasan-taic ionmhais a rannsachadh agus coimeas a dhèanamh eatarra agus, an dèidh àireamhachadh, 's urrainn dhomh mìneachadh carson a thagh mi an fheadhainn a thagh mi.</p> <p>MNU 4-09c</p>

Àireamh, airgead agus tomhas (a' leantainn)

	Tràth	Ciad	Dàrna	Treas	Ceathramh
Uair	<p>Tha mi mothachail air mar a tha cleachdaidhean agus tachartasan nam bheatha co-cheangailte ri amannan is ràithean, agus rannsaich mi dòighean air an clàradh agus an taisbeanadh, a' cleachdadh chlocaichean, mhiosachain agus dhòighean eile.</p> <p>MNU 0-10a</p>	<p>'S urrainn dhomh an uair innse a' cleachdadh cloc 12 uairean, a' tuigsinn gu bheil ceangal aig seo ri comharradh 24 uairean, innse mar a tha buaidh aig seo air na rudan a nì mi gach latha agus dhèanamh cinnteach gu bheil rian air mo latha is gu bheil mi deiseil airson ge b' e dè a thachras.</p> <p>MNU 1-10a</p> <p>'S urrainn dhomh mìosachan a chur gu feum airson planadh is a bhith deiseil airson amannan a tha cudromach dhomh fhìn is dom chlas tron bhliadhna.</p> <p>MNU 1-10b</p> <p>Tha mi air tòiseachadh a' tuigsinn cho fad 's a bheir e rudan a dhèanamh le bhith a' tomhas na tìde a bheir diofar ghnìomhan, a' cleachdadh diofar innealan tomhas tìde.</p> <p>MNU 1-10c</p>	<p>'S urrainn dhomh clàran-ama eileagtronaigeach agus pàipeir a chleachdadh agus a thuigsinn airson tachartasan agus gnìomhan a phlanadh, agus an ùine a bheir iad obrachadh a-mach mar phàirt den phlanadh.</p> <p>MNU 2-10a</p> <p>'S urrainn dhomh gnìomhan practaigeach agus rannsachaidhean a dhèanamh, a' gabhail a-steach tomhas na tìde a bheir tachartasan, agus is urrainn dhomh mìneachadh dè an aonad tìde a bu fhreagarraiche airson seo.</p> <p>MNU 2-10b</p> <p>A' cleachdadh tràthan tìde sìmplidh, 's urrainn dhomh tuairmse mhath a dhèanamh air dè cho fada 's a bu chòir turas toirt, stèidhichte air m' eòlas air a' cheangal eadar tìde, luaths agus astar.</p> <p>MNU 2-10c</p>	<p>A' cleachdadh tràthan tìde sìmplidh, 's urrainn dhomh obrachadh a-mach dè cho fada 's a bheir turas, an luaths aig a bheilear a' siubhal no an t-astar a thèid a shiubhal, a' cleachdadh m' eòlais air a' cheangal eadar tìde, luaths agus astar.</p> <p>MNU 3-10a</p>	<p>'S urrainn dhomh ceistean mu thìde agus cleachdadh tìde a rannsachadh agus a choimeas, a rèir a' bhuaidh a tha aca ormsa.</p> <p>MNU 4-10a</p> <p>'S urrainn dhomh an ceangal eadar uair, luaths agus astar a chleachdadh airson obair àireamhachaidh a dhèanamh co-cheangailte ri seo.</p> <p>MNU 4-10b</p>

Àireamh, airgead agus tomhas (a' leantainn)

	Tràth	Ciad	Dàrna	Treas	Ceathramh
Tomhas	<p>Dh'fheuch mi a-mach rudan cumanta a tha mun cuairt orm mar aonadan tomhais, airson meudan agus sùimean a tha san àrainneachd agam a rannsachadh agus a choimeas ri chèile, ag innse do dhaoine eile mu na fhuair mi mach.</p> <p>MNU 0-11a</p>	<p>'S urrainn dhomh tuairmse a dhèanamh air cho àrd no cho trom 's a tha rud, no dè uimhir 's a thoilleas na bhroinn, a' cleachdadh rudan cumanta a tha mun cuairt orm airson mo chuideachadh, agus an uair sin a' tomhas an fhaid no a' chuideam aige le ionnsramaidean is aonadan freagarrach.</p> <p>MNU 1-11a</p> <p>'S urrainn dhomh tuairmse a dhèanamh air farsaingeachd cumaidh le bhith a' cunntadh cheàrnagan, no ann an dòighean eile.</p> <p>MNU 1-11b</p>	<p>'S urrainn dhomh m' eòlas air meud rudan no àiteachan as aithne dhomh a chleachdadh airson mo chuideachadh nuair a tha mi a' dèanamh tuairmse air meud.</p> <p>MNU 2-11a</p> <p>'S urrainn dhomh na h-aonadan tomhais cumanta a chleachdadh, a' gluasad eadar iad agus na h-aonadan a tha co-ionann riutha san t-siostam mheatrach, agus àireamhachadh a dhèanamh airson ceistean a fhreagairt.</p> <p>MNU 2-11b</p> <p>'S urrainn dhomh mìneachadh mar a ghabhas diofar dhòighean a chleachdadh airson cuairt-thomhais agus farsaingeachd obrachadh a-mach do chumadh simplidh 2D no tomhas-lionaidh cruth simplidh 3D.</p> <p>MNU 2-11c</p>	<p>'S urrainn dhomh fuasgladh fhaighinn air duilgheadasan practaigeach le bhith a' cleachdadh m' eòlas air tomhas, a' taghadh nan aonadan iomchaidh agus an ìre gum feum an obair a bhith mionaideach, agus, a' cleachdadh foirmle, 's urrainn dhomh farsaingeachd no tomhas-lionaidh obrachadh a-mach nuair a bhios feum air.</p> <p>MNU 3-11a</p>	<p>'S urrainn dhomh m' eòlas agus mo thuigse air tomhas a chur gu feum airson ceistean agus gnìomhan cumanta obrachadh a-mach, agus tuigsinn cho cudromach is a tha e, ann an seadh practaigeach, a bhith mionaideach nam obair àireamhachaidh.</p> <p>MNU 4-11a</p>

Làimhseachadh fiosrachaidh

	Tràth	Ciad	Dàrna	Treas	Ceathramh
Dàta agus anailis	<p>'S urrainn dhomh rudan a thional agus ceistean fhaighneachd airson fiosrachadh fhaighinn, a' cur an fhiosrachaidh a gheibh mi ann an òrdugh agus ga shealltainn ann an diofar dhòighean.</p> <p style="text-align: right;">MNU 0-20a</p>	<p>Rannsaich mi na diofar dhòighean agus mheadhanan a tha air an cleachdadh airson dàta a thaisbeanadh agus 's urrainn dhomh ceistean fhaighneachd is a fhreagairt mun fhiosrachadh.</p> <p style="text-align: right;">MNU 1-20a</p>	<p>An dèidh bruidhinn mu na diofar dhòighean agus mheadhanan a tha air an cleachdadh gus dàta a shealltainn, 's urrainn dhomh mìneachadh agus co-dhùnaidhean a dhèanamh on fhiosrachadh a tha air a shealltainn, a' tuigsinn gum faod an taisbeanadh a bhith meallta.</p> <p style="text-align: right;">MNU 2-20a</p>	<p>'S urrainn dhomh co-obrachadh le daoine eile, a' dèanamh feum iomchaidh de theicneòlas, airson fiosrachadh a lorg a tha air a chur an cèill ann an raon de dhòighean, airson mìneachadh dè tha e ag ràdh agus bruidhinn mu co-dhiù a tha mi a' creidsinn gu bheil am fiosrachadh làidir, neo-shoilleir no meallta.</p> <p style="text-align: right;">MNU 3-20a</p>	<p>'S urrainn dhomh dàta lom agus grafaigeach a mheasadh agus a thuigsinn, a' cleachdadh diofar dhòighean. 's urrainn dhomh beachd a thoirt seachad mu dhàimhean a tha mi a' faicinn anns an dàta agus mo cho-dhùnaidhean innse do dhaoine eile.</p> <p style="text-align: right;">MNU 4-20a</p>
	<p>'S urrainn dhomh rudan a mhaidseadh agus a sheòrsachadh, a' cleachdadh mo shlatan-tomhais fhìn agus feadhainn dhaoine eile, ag innse mo bheachdan do dhaoine eile.</p> <p style="text-align: right;">MNU 0-20b</p>	<p>Chleachd mi raon de dhòighean airson fiosrachadh a thional agus 's urrainn dhomh a sheòrsachadh ann an dòigh rianail, òrdail agus mhac-meanmneach, a' cleachdadh mo shlatan-tomhais fhìn agus feadhainn dhaoine eile.</p> <p style="text-align: right;">MNU 1-20b</p>	<p>Rinn mi rannsachaidhean agus suirbhidhean, a' dealbhadh is a' cleachdadh measgachadh de dhòighean airson fiosrachadh a thional agus bha mi ag obair còmhla ri daoine eile airson na toraidhean a thoirt còmhla, a chur an òrdugh agus bruidhinn mun deidhinn ann an dòigh iomchaidh.</p> <p style="text-align: right;">MNU 2-20b</p>		
	<p>'S urrainn dhomh na soidhnichean agus na clàran mun cuairt orm a chleachdadh airson fiosrachadh fhaighinn, gam chuideachadh a' planadh agus a' dèanamh roghainnean is cho-dhùnaidhean nam bheatha làitheil.</p> <p style="text-align: right;">MNU 0-20c</p>				

Làimhseachadh fiosrachaidh (a' leantainn)

	Tràth	A' chiad	An dàrna	An treas	An ceathramh
Beachdan air coltachd agus mì-chinnt		'S urrainn dhomh briathrachas iomchaidh a chleachdadh airson innse dè an coltas a tha ann gun tachair, a' cleachdadh an fhiosrachaidh agus an eòlais agam fhìn agus aig daoine eile airson mo stiùireadh. MNU 1-22a	'S urrainn dhomh deuchainnean simplidh a dhèanamh air coltachd agus na tuairmsean a rinn mi ro-làimh is mo thoraidhean a chur an cèill, a' cleachdadh briathrachas coltachd. MNU 2-22a	'S urrainn dhomh obrachadh a-mach dè cho coltach 's a tha e gun tig tachartas simplidh gu buil, agus mìneachadh carson a bu chòir buaidh an tachartais a ghabhail a-steach cho math ri a choltachd nuair a tha roghainnean gan dèanamh. MNU 3-22a	Le bhith a' cur an cèill mo thuigse air coltachd, 's urrainn dhomh co-dhùnadh cia mheud uair a tha mi an dùil a bhios tachartas a' gabhail àite, agus am fiosrachadh seo a chleachdadh airson ro-innsean, measadh cunnairt, roghainnean fiosraichte agus co-dhùnaidhean a dhèanamh. MNU 4-22a

Eàrr-ràdh - Mineachaidhean

MNU 1-10a

Tha pàiste a' faighinn tuigse mhionaideach air cloc 12 uairean aig a' chiad ìre. Fàsaidh luchd-ionnsachaidh òg eòlach air cloc 24 uairean nam beatha fhèin tro chlàran phrògraman TBh, coimpiutairean, cucairean, cluicheadairean DVD agus bhidiothan. Nì iad ceanglaichean gu nàdarrach ri comharradh 24 uair a thìde agus na tachartasan àbhaisteach san latha aca. Tha an ath ìre leasachaidh, obrachadh gu foirmeil le cloc 24 uairean a thìde, air a ghabhail a-steach ann am MNU 2-10a – tuigse agus cleachdadh chlàran-ama.

MNU 4-03a

Tha comas air bun-bheachdan cumanta a chur an gnìomh ann an diofar dhòighean airson ceistean a fhreagairt na rud bunaiteach ann am matamataig. Mar eisimpleir, bidh daoine òga eòlach air gur e 2.5 cairteal de 10 agus bidh fios aca mar a lorgas iad 10% de shùim. Nuair a dh'iarrar orra beachdachadh air àireamhachadh air nach eil iad cho eòlach, me 2.5% de £840, nan cuireadh iad còmhla na sgilean sin a fhuair iad roimhe dh'fhaodadh sin an stiùireadh gu 1/4 de £84 a ràdh mar fhreagairt air a' cheist.

MNU 3-07a, MNU 4-07a

Tha MNU 3-07a a' toirt air adhart nan sgilean a leigeas le luchd-ionnsachaidh àireamhachadh a dhèanamh anns a bheil bloighean, bloighean deiceach agus ceudadan, agus an uair sin co-dhùnaidhean is roghainnean a dhèanamh. Mar eisimpleir: dè as motha as fhiach, 3 air prìs 2 no lasachadh 30%?

Tha MNU 4-07a a' toirt air adhart nan sgilean a leigeas le luchd-ionnsachaidh an eòlas air an dàimh eadar bloighean, bloighean deiceach agus ceudadan a chleachdadh, gus slighe ealanta a thaghadh chun an fhuasglaidh. Mar eisimpleir, nuair a dh'iarrar measadh a dhèanamh air lasachadh 12.5% air rud a tha a' cosg £800, bhiodh fuasgladh ealanta a' toirt a-steach an tuigse gu bheil 12.5% an aon rud ri 1/8, agus gun toir obrachadh le 1/8 de £800 am freagairt ceart a thaobh meud an lasachaidh.

MNU 4-10a

Tha cleachdadh tìde gu h-èifeachdach riatanach san àite obrach, ann an ionnsachadh fad-beatha, aig àm chur-seachadan agus anns gach pàirt eile den bheatha làitheil. Tha an comas air tuairmse a dhèanamh air dè cho fada 's a bheir gnìomhan agus an uair sin a' cur ri chèile prògram de ghnìomhan ann an sreath, na sgiol àireamhachaidh a dh'fheumar ma tha feum ceart gu bhith air a dhèanamh de thìde.

MNU 4-01a, MNU 4-11a .

Tha ceangal dlùth eadar MNU 4-01a agus MNU 4-11a. Tha MNU 4-01a a' toirt air adhart bhun-bheachdan a thaobh dè cho mionaideach is a dh'fheumar a bhith no dè an ìre mearachd ris am faodar gabhail ann an dèanamh thuairmsean agus a' cruinneachadh, agus tha MNU 4-11a a' dèiligeadh ri cur seo an gnìomh gu practaigeach ann an tomhas. Tha comas obair chun na h-ìre mionaideachd a tha freagarrach na sgiol àireamhachd chudromach. Tha an ìre mionaideachd a thathar ag iarraidh ag atharrachadh a rèir a' ghnìomh. Mar eisimpleir, bidh na h-ìrean mionaideachd a dh'fheumar glè eadar-dhealaichte airson tomhas meud seòmair mus ceannaichear brat-ùrlair, tomhas fosglaidh airson doras ùr no a' dèanamh pàirt gluasadach airson einnsean. No a-rithist, nuair a tha pìos fiodha 4 meatair air a ghearradh ann an 7 piosan co-ionann, am bu chòir do gach fad a bhith 0.57142 meatair no am bi 0.57 faisge gu leòr? Bu chòir a bhith a' leasachadh comas dèiligeadh ri mionaideachd mheallta agus a bhith a' toirt cunntas a' cleachdadh ìre mionaideachd fhreagarrach.

MNU 4-20a

Tha an t-eòlas agus a' bhui seo co-cheangailte ri leasachadh sgilean an neach-ionnsachaidh ann a bhith a' mìneachadh seata dàta, no am fiosrachadh a tha air a chumail ann an, mar eisimpleir, graf-bogsaichean, diagraman gas is duilleig, grafaichean loidhne, grafaichean colbh, histograman agus clàran-cearcaill. An dèidh beachdachadh air an fhiosrachadh seo, tha e cudromach gun tuig luchd-ionnsachaidh prìomh fheartan nan diofar dhòighean sin air fiosrachadh a thaisbeanadh gus am bithear comasach air cruthan freagarrach a thaghadh agus am fiosrachadh a chur an cèill do dhaoine eile.

MNU 4-22a

Tha MNU 4-22a a' toirt air adhart a' cheangail eadar coltachd shìmplidh agus an tricead ris a bheil dùil. An dèidh tuigse fhaotainn air an dà bhun-bheachd sin, 's e sgil beatha air leth cudromach a tha ann a bhith comasach air measadh a dhèanamh air a' bhuidh a bhios aig cùrsa àraidh, stèidhichte air cunnartan is buannachdan.